

Comataidh Lèirsinn

5/11/24, 1000-1300

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Marion Nic na Ceàrdaich (sa Chathair); Rhoda NicDhòmhnaill;
Iain Moireasdan; Dàibhidh Byrne; Catriona Mhoireach

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Mairead Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)
Rowan NicPhàdraig [RN] (Manaidsear Conaltraidh) – puing 5
Scott Smyth [SS] (Ceannard Ùr-ghnàthachais agus Anailiseachd) – puingean 6-8
Mairi Anna NicAonghais [MAMI] - (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

An làthair: Claire Cullen [CC] (Riaghaltas na h-Alba) – puing 4a

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothaichean dearbhte

2.1 Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh (10/9/24) & GAE

3.1 Geàrr-chunntas: aontaichte.

3.2 GAE – comharraichte

4. Sùil air fàire

a) Bile nan Cànanan Albannach

4.1 Chaidh fàilte a chur air CC chun na coinneimh agus thug i seachad taisbeanadh.

4.2 Thug i iomradh air amasan na Bile agus ciamar a thàinig e chun na h-ìre seo. Chaidh deasbad a chumail air gnothaichean leithid:

4.3 An e seo an aon chothrom airson Bile a bhios ag iomradh air Gàidhlig airson an ùine mhòr a tha romhainn?

- 4.4 Bheil cus fòcas air foghlam no an e seo an aon chothrom airson na Gàidhlig san àm ri teachd?
- 4.5 Chaidh innse gu bheil dòchas ann gum bi solar sa Bhile airson buidhnean nas fharsaing na foghlam agus gun toir an structar agus am frèama-obrach neartachadh don Ghàidhlig.
- 4.6 Leis gu robh am Bile a’ toirt ùghdarras airson ro-innleachd na Gàidhlig do Mhinistearan na h-Alba agus air falbh bho Bhòrd na Gàidhlig chaidh ceist a chur a bheil cunnart an lùib seo nuair a bhios atharrachaidhean ann am Ministearan. Bha beachd ann nach bu chòir nam biodh taic ioma-phàrtaidh ann airson na Gàidhlig.
- 4.7 Chaidh còmhradh, gu cho-dhùnaidhean, a chumail air dè a b’ urrainn na Sgìrean Sònraichte a bha am Bile a’ cur air adhart a thabhann don Ghàidhlig agus na meadhanan Gàidhlig gu h-àraidh.
- 4.8 Chaidh taing a bhuileachadh air CC airson a taisbeanadh agus cumar a’ dol a’ conaltradh.
- b) Co-labhairt 2025*
- 4.9 Bha pàipear air beulaibh bhall le molaidhean airson cruinneachadh a chur air dòigh gus daoine a tharraing ri chèile airson aonta prionnsabalach a ruighinn air cuspairean leithid luach eaconamach nam meadhanan Gàidhlig agus ciamar as urrainn sùil às ùr a thoirt air dè tha com-pàirteachasan a’ ciallachadh ann an dà-rìribh. Chaidh deasbad a chumail.
- 4.10 Chaidh aontachadh: (a) gun a bhith acadaimigeach agus gun co-labhairt a thoirt air; (b) a bhith fosgailte do òg is sean; (c) le sùil air iomadh beachd a thrusadh air ciamar as urrain luach sruthadh air ais don Ghàidhlig a thuilleadh air an luach a tha a’ Ghàidhlig a’ cruthachadh; (d) gu faodadh seo fhaicinn mar gnìomh a chuireadh ri na fuasglaidhean a bha aithisg an *Short Life Working Group on Economic and Social Opportunities for Gaelic* a’ sireadh.
- 4.11 **Co-dhùnadh:** thèid cruinneachadh a chumail air dè an luach a tha Gàidhlig a’ toirt a dh’Alba, le sùil air taobhan farsaing agus eadar-nàiseanta, air a libhrigeadh leis an Stiùiriche Cho-bhanntachdan agus Leasachaidh (a tha a’ tòiseachadh tràth san Fhaoilleach 2025).
- 4.12 **Gnìomh:** thèid ullachadh a dhèanamh; cuiridh an Cathraiche gu bheil dùil tachartas a chumail mu choinneimh na buill pàrlamaid aig tachartas Dover House air 9/12/24; thig naidheachd a-mach mun chruinneachadh an là às dèidh tachartas Dover House. **(RP)**

5. Luchd-ùidhe

- 5.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na diofar raointean conaltraidh san robhas an sàs.
- 5.2 **Co-dhùnadh:** ghabh buill fainear.

6. Tomhasan soirbheachais (OKRan agus KPlan)

- 6.1 Tha e mar dhleastanas aig Comataidh Lèirsinn comhairle a thoirt don bhòrd mu shlatan tomhais soirbheachais.
- 6.2 Tha siostam tomhais KPI aig MG ALBA agus air uachdar sin thathas air siostam OKR a chur an-gnìomh.
- 6.3 Bha ochd amasan airson 2024-25, le tomhas air adhartas air beulaibh bhall, le tomhas a rèir beachd agus dàta. Tron chòrr den bhliadhna ionmhasail, thèid leasachadh a dhèanamh air an siostam dàta gus a bheil na toraidhean co-cheangailte ri data cruaidh.
- 6.4 Chaidh ceist a chur carson a bha Mothachadh (Awareness) cho ìosal agus thèid seo a rannsachadh.
- 6.5 Thog aona bhall gum biodh e feumail àireamhan fhaicinn sna OKR an, seach *arrows*.
- 6.6 Chaidh iarraidh dèanamh cinnteach gu robh OKR mu bhith a' dèanamh cruth-atharrachadh nas motha mu dheidhinn daoine seach am buidheann. Chaidh innse gu bheil am Buidheann Leasachaidh Leantainneach a' toirt air adhart molaidhean bho aithisg Creideis nar Cosnaichean co-cheangailte ri daoine.
- 6.7 Chaidh deasbad a chumail air am b' urrainn OKR ùr a bhith ann a thaobh a bhith a' leasachadh sàr-mhathas nar susbaint agus chaidh deasbad a chumail.
- 6.8 **Co-dhùnadh**: dh'iarr buill gun tèid aithris a dhèanamh mun seo aig coinneamh a' Bhùird san Dùbhlachd agus gun tèid a dheasbad ann an doimhneachd sa chiad choinneamh Bùird de 2025.
- 6.9 **Gnìomh**: thig pàipear goirid air beulaibh a' Bhùird air 5/12/24 agus thèid pàipear ann am barrachd doimhneachd ullachadh airson coinneamh Bùird 2025, le stiùir air dè tha ro-innleachdail agus dè tha obrachail. (DC)

7. Meatraigs agus siostaman dàta luchd-amhairc neo-loidhneach

- 7.1 Bha fios as ùr air cruinneachadh is cleachdadh dàta anailiseachd airson ùrlaran neo-loidhneach air beulaibh na Comataidh airson a chomharrachadh.
- 7.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

8. Suirbhidhean Pulse

- 8.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na toraidhean chairtealach às an t-Suirbhidh-Chuise aig MG ALBA, airson a chomharrachadh leis a' Chomataidh.
- 8.2 **Co-dhùnadh**: bha buill riarachta.

9. Planadh Luchd-obrach agus Leantainneachd

- 9.1 Bha pàipear air beulaibh na Comataidh a' toirt iomradh air Fastadh agus air Plana Leantainneachd.
- 9.2 Thuir DC gu bheil aithisg Creideis nar Cosnaichean agus aithisgean eile a' moladh modh-obrach le barrachd structar a bhith ann airson daoine agus planadh luchd-obrach, a' dèanamh cinnteach gu bheil dèanadas daoine fa-leth a' ceangal ri dèanadas na buidhne.
- 9.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 9.4 **Gnìomh:** 1) thèid coimhead ri seo aig coinneamh a' Bhùird san Dùbhlachd agus 2) ann am barrachd doimhneachd aig an ath choinneamh den Chomataidh aig toiseachd a' chlàrchùisean. (DC)

10. Sgilean son an ama ri teachd

- 10.1 Dh'innis DC gu bheileas air aithisgean fhaighinn bho Creideis nar Cosnaichean, Creideis nar Cosnaichean Òga agus *We Invest in Wellbeing* a tha a' comharrachadh slighean leasachaidh dhaonna.
- 10.2 Bha pàipear air beulaibh bhall a' bruidhinn mu na h-atharrachaidhean a tha dhìth a thaobh comasan, sgilean agus siostaman airson na h-ama ri teachd.
- 10.3 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.

11. EDI

- 11.1 Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air adhartas mu choinneimh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltas.
- 11.2 **Co-dhùnadh:** bha buill riarachta.
- 11.3 **Gnìomh:** le dùil ris an aithisg bhon chompanaidh sgrùdaidh ro dheireadh na Samhna, thèid am fiosrachadh a cho-roinn air a' Bhòrd air 5/12/24. (RM)

12. GISBE

- 12.1 Cha robh gin.

13. Deit na h-ath choinneimh – 6/2/25

Ainm sgrìobhte a' chathraiche: